

Scriptaichean Mothachais

Ro-ràdh

Tha na scriptaichean seo freagarrach do sgoilearan ceann shuas na bun-sgoile ach thèid an giorrachadh gu furasta gus am biodh iad freagarrach do sgoilearan ceann shìos na bun-sgoile no do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil cuideachd. Tagh na pìosan a tha freagarrach don chlas agad fhèin.

Mar a thèid na scriptaichean a chleachdadh

Faodaidh sgoilearan suidhe anns na sèithrichean aca air neo, ma tha rùm anns a' chlas, faodaidh iad laighe air an làr. Faodaidh sgoilearan na sùilean aca a dhùnadh ma tha iad ag iarraidh, ach ma tha iad a' faireachdainn mì-chofhurtail le sin, faodaidh iad coimhead meatair no dhà air thoiseach orra fhèin, gun a bhith a' coimhead air duine sam bith eile.

Leugh an script ann an guth socair, rèidh, a' stad greiseag nuair a chì thu na dotagan (...) anns an teacsa. Dh'fhaodadh tu ceòl nan tuinn, no fuaim geal no ceòl socair eile a chluich.

Feuch agus cleachd na scriptaichean seo gu cunabhalach. Mar as motha a nì thu practas air seo nuair a tha a' chlann socair, 's ann nas fhasa a bhios e do na sgoilearan na gnìomhan seo a chleachdadh nuair a tha iad feumach orra.

Tha tèama diofraichte anns gach script. Chan fheumar an dèanamh anns an òrdugh seo.

	Tèama
1	Ar n-anail
2	Smuaintean
3	Faireachdainnean
4	Coibhneas dhut fhèin agus do dhaoine eile
5	A' gabhail fois – An tràigh
6	Àite sònraichte – Taigh-craoibhe
7	Taingeachd – ar bodhaigean
8	Ciad-fàthan

'S dòcha gum bi facail ann air nach bi na sgoilearan eòlach. 'S e deagh chothrom a tha seo briathrachas a leasachadh, ach dèan cinnteach gum mìnich sibh faclan ùra mus tòisich sibh.